

Foghlam

Alba

Curraicealam airson Sàr-mhathais

Aithris do Luchd-cleachdaidh bho
Àrd-Sgrùdaire Foghlam na Banrigh

An Lùnastal 2016

Ag Ath-chuimseachadh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais

Tha an aithris dheimhinnte seo do thidsearan agus luchd-cleachdaidh, a' gabhail a-steach iadsan ann an tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne, obair òigridh, colaistean agus ùghdarrasan ionadail. Bidh e cudromach do thidsearan, do luchd-cleachdaidh, stiùirichean agus luchd-obrach ùghdarrasan ionadail, beachdachadh air mar a bhuineas e do cho-theacs an suidheachaidh, ìre, roinn agus ùghdarras ionadail fhèin.

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) a' cruth-atharrachadh eòlasan ionnsachaidh do chlann agus do dhaoine òga air feadh Alba. Tha an raon de chothroman ionnsachaidh agus leud choileanaidhean chloinne is dhaoine òga, nas motha na bha e a-riamh. Sna bliadhnaichean a dh'fhalbh, tha mòran leasachaidh glè dheimhinneach air tachairt ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, sgoiltean is colaistean, air am faod sinn cumail a' togail. A' gluasad air adhart, is iad an dà phrìomhachas sa CfE:

- dèanamh cinnteach às an adhartas as fheàrr a ghabhas ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd, do gach pàiste agus neach òg; agus
- dùnadh a' bheàirn buileachaidh.

Tha àireamh de dhùbhlain ann fhathast airson am fòcas seo a libhrigeadh. Gu làithreach, tha cus stuth taic is stiùiridh ann do luchd-cleachdaidh. Tha seo a' cur ri fàs air modhan-obrach ro bhiurocratach a thaobh planadh agus measadh ann am mòran sgoiltean agus clasruman air feadh na dùthcha. A dh'aindeoin tuigse do na cùisean sin ann an aithisg Dèiligeadh le Biurocrasaidh, tha adhartas air a bhith fada ro shlaodach. Mar thoradh air an sin, tha sinn a' gabhail oirnn ar stuthan taic is stiùiridh don churraicealam uile a sgioblachadh gu mòr. Tha an aithris seo agus na slatan-tomhais a tha rim foillseachadh am-bliadhna bunaiteach don mhodh sgioblachaidh seo.

Tha an aithris seo a' coimhead ri comhairle shoilleir fheumail a thoirt do thidsearan agus luchd-cleachdaidh mu phlanadh ionnsachaidh, teagasg agus measaidh. Tha e a' solarachadh prìomh theachdaireachdan mu dheidhinn na thathar a' sùileachadh bho thidsearan agus luchd-cleachdaidh a dhèanamh gus ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh gu h èifeachdach do luchd-ionnsachaidh uile, agus cuideachd a' moladh dè bu chòir a sheachnadh. Bu chòir comas a thoirt do thidsearan an sùbailteachd a tha CfE a' solarachadh a chleachdadh gus ionnsachadh do chlann agus do dhaoine òga eagrachadh ann an dòighean as fheàrr a tha a' coileanadh fheumalachdan luchd-ionnsachaidh. Bu chòir do sgoiltean a bhith ag obair ann an dòigh cholaisteach airson a thighinn gu prìomh cho-dhùnaidhean.

Tha an eàrr-ràdh don aithris seo a' dèanamh geàrr-iomradh air prìomh phàirtean de fhrèam a' churraicealaim an taobh a-staigh do bheilear a' sùileachadh a bhios tidsearan is luchd-cleachdaidh a-nis a' teagasg. A' gluasad air adhart, is iad an dà phrìomh stòras a bu chòir tidsearan a chleachdadh ann am planadh ionnsachaidh, teagasg agus measaidh:

- **Eòlasan is Builean**
- **Slatan-tomhais**

PLANADH IONNSACHAIDH, TEAGAISG AGUS MEASaidH A' CLEACHDADH NAN EòLASAN IS BUILEAN

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NITHEAR

- A' cleachdadh phlanaichean fad-amail gus structar na bliadhna a mhineachadh, agus na dòighean sa bheil ionnsachadh air eagrachadh tron bhliadhna air fad.
- Cùm planadh meadhan-amail goirid agus cuimsichte air na prìomh ghnìomhan ionnsachaidh a chaidh a leasachadh bho Eòlasan is Builean (Ean agus Oan). Cuir Ean agus Oan còmhla anns na dòighean as fhreagarraiche do luchd-ionnsachaidh.
- Bu chòir do phlanadh geàrr-amail air bunait làitheil no seachdaineil a bhith sùbailte agus a bhith air a mheas mar nòtaichean obrach gus cuideachadh le eagrachadh ionnsachaidh.
- Lean modh-obrach colaisteach a thaobh cuimseachd ann am planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.
- Obraich còmhla ri co-oibrichean gus biurocrasaidh neo-riatanach ath-sgrùdadh agus a lùghdachadh. Planaig agus eagraich ionnsachadh ann an dòigh a tha a' seachnadh gach seachdain san sgoil a bhith a' faireachdainn ro riaslach, gus farsaingeachd is ùine a sholarachadh airson doimhneachd ann an ionnsachadh.
- Bu chòir beachdachadh ann a bhith an lùib planadh mun dòigh as fheàrr air feumalachdan gach neach fa leth agus feumalachdan bhuidhnean a choileanadh.
- Cuir prìomhachas air litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd tarsainn a' churraicealaim gus a dhèanamh cinnteach gun dèan luchd-ionnsachaidh uile an t-adhartas as fheàrr a ghabhas a dhèanamh.
- Planaig ionnsachadh eadar-chuspaireil (IDL) gus ceanglaichean nàdarrach a dhèanamh tarsainn air ionnsachadh. Bi mothachail do na tha a' tachairt ann an cuspairean eile agus dèan ceanglaichean.
- Feumaidh planadh uile cuimseachadh dìreach air turas an neach-ionnsachaidh a neartachadh. Nuair a dh'iarrar obair pàipeir a lionadh nach eil co-cheangailte gu dìreach ri leasachadh air turas an neach-ionnsachaidh, tog ceist mun seo le do cho-oibrichean.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÈANAR

- Dèan oidhirp gun phlanaichean ro mhionaideach a sgrìobhadh airson na bliadhna a tha a' tighinn, agus a tha a' cuibhreachadh sùbailteachd a tha agad airson feumalachdan, ùidhean agus adhartas chloinne agus dhaoine òga a choileanadh.
- Na bi a' planadh airson Eòlasan is Builean gach neach fa leth no a' cur seachad cus ùine a' sgrìobhadh iomraidhean mionaideach mu ghnìomhan ionnsachaidh.
- Na dèilig leis na Ean agus Oan uile fa leth.
- Na caith cus ùine a' crìochnachadh theamplaidean mionaideach làitheil no seachdaineil no a' sgrìobhadh luachaidhean mionaideach air planaichean.
- Na leig le biurocrasaidh neo-riatanach èaladh a-steach rè ùine.
- Sguir a dhèanamh cus chuspairean aig an aon àm. Mar eisimpleir, sa bhun-sgoil a' còmhach nan ochd raointean den churraicealam gach seachdain.
- Na cail fòcas soilleir air cuideachadh na cloinne agus nan daoine òga uile gu adhartachadh aig astar iomchaidh agus na h-ìrean as àirde a choileanadh ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd.
- Na cosg tìde air IDL nach eil a' solarachadh chothroman air ionnsachadh a chur an sàs agus a dhoimhneachadh, no a tha air a dhèanamh suas.

PLANADH IONNSACHAIDH, TEAGAISG AGUS MEASaidH A' CLEACHDADH SHLATAN-TOMHAIS

Is e adhbhar nan Slatan-tomhais, aithrisean glè shoilleir a mhìneachadh mu na dh'fheumas clann agus daoine òga ionnsachadh gus gach ìre den churraicealam a choileanadh. Tha slatan-tomhais a' sgioblachadh agus a' socrachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a th' ann mar-thà (taobhan sònraichte ionnsachaidh, frèaman adhartais agus nòtachadh a tha nochdte) do aon phrìomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NITHEAR

- Bho àm gu àm, cleachd measaidhean gus ionnsachadh a shampladh agus a tharraing ri chèile ann an dòigh a tha co-cheangailte.
- Planaig cothromachd iomchaidh eadar measadh leantainneach agus measadh bho àm gu àm – bidh seo ag atharrachadh bho ìre gu ìre.
- Cuimsich breithneachaidhean measaidh le bhith a' gabhail cunntas air eisimpleir de fhianais bho dhiofar fhreumhan gus ìrean agus adhartas luchd-ionnsachaidh a dheasbad.
- Mar sgoil, leasaich modhan-obrach simplidh agus èifeachdach airson adhartas luchd-ionnsachaidh a sgrùdadh agus a leantainn, gu h-àraid ann an litearrachd agus àireamhachd. Feumaidh tracadh a bhith cho furasta 's a ghabhas a chleachdadh.
- Dèan deasbad cunbhalach le co-oibrichean air fiosrachadh tracadh airson taic a bharrachd agus eadar-theachdan a phlanadh, gus cuideachadh le adhartas luchd-ionnsachaidh a leasachadh.
- Dèan luachadh air adhartas luchd-ionnsachaidh gu leantainneach agus cùm nòtaichean goirid pongail gus cuideachadh le planadh airson nan ath cheumman ann an ionnsachadh. Bidh seo a' gabhail a-steach comharrachadh far am faod feum a bhith air taic a bharrachd agus dùbhlann.
- Cleachd na slatan-tomhais gus cuideachadh le adhartas a sgrùdadh agus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta iomlan mu nuair a tha neach-ionnsachaidh air ìre curraicealaim a ruighinn.
- Cuir clann agus daoine òga an sàs ann an stiùireadh an ionnsachaidh fhèin agus cuir an sàs iad ann am pròifileadh an coileanaidhean.
- Bu chòir do dh'aithris gu pàrantan togail air an adhartas as ùire, na h-ath cheumman ann an ionnsachadh a chomharrachadh agus togail air pròifileadh. Bu chòir do dheasbadan togail air dòighean sam faod pàrantan taic a chur ri adhartas an cuid chloinne.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÈANAR

- Na bi a' cur seachad ùine air gnìomhan measaidh nach eil a' cuideachadh leis na h-ath cheumman ann an ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga, a chomharrachadh.
- Na bi a' dèanamh cus measaidh air luchd-ionnsachaidh no a' measadh an aon susbaint gu cunbhalach ann an diofar dhòighean. Na cruthaich fòiliothan mòra de fhianais.
- Seachain dùblachadh agus cumail fianais de gach nì an taobh a-staigh na Slait-tomhais.
- Seachain a bhith a' feitheamh gu bheil luchd-ionnsachaidh air fianais a thaisbeanadh de gach taobh de ionnsachadh an taobh a-staigh nan Slatan-tomhais, mus gluaisear chun na h-ath ìre.
- Seachain cuideam gun adhbhar air luchd-ionnsachaidh le cus mheasaidhean ann an diofar chuspairean aig an aon àm.
- Na bi a' cur seachad cus ùine a' cruinneachadh raon fharsaing de fhianais airson adhbharan riaghailteachd.
- Na bi a' leantainn agus a' clàradh adhartais mu choinneamh Ean agus Oan fa leth.
- Na lean adhartas agus coileanadh a' cleachdadh nan abairtean 'leasachadh, daingneachadh, tèarainte'.
- Na cosg tìde air sgrìobhadh aithisgean fada do phàrantan a tha a' toirt cunntas air mòran obrach sa chlas, agus na cleachd godail proifeiseanta.

EÀRR-RÀDH:

Geàrr-iomradh air an Fhrèam Curraicealaim ann an Alba – An Lùnastal 2016

Tha an geàrr-iomradh seo do thidsearan agus luchd-cleachdaidh a' gabhail a-steach iadsan ann an tràth-ionnsachaidh

BUN-FHIOSRACHADH

PRÌOMH THEACHDAIREACHD

Adhbhar (ceithir comasan)

Is e adhbhar a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais clann agus daoine òga a chuideachadh gu bhith nan:

- Luchd-ionnsachaidh soirbheachail;
- Daoine misneachail;
- Saoranaich earbsach; agus
- Com-pàirtichean èifeachdach.

Tha leasachadh air **comasan** agus **feartan** nan ceithir comasan socraichte tarsainn ionnsachaidh air fad.

Amas

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) ag amas air ìrean a thogail, am beàrn coileanaidh (co-cheangailte ri bochdainn) a dhùnadh, agus clann is daoine òga ullachadh mu choinneamh an ama ri teachd.

A' togail air teachdaireachdan **Togail a' Churraicealaim 3**, tha **Am Frèam Leasachaidh Nàiseanta**, **Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba** agus **Leasachadh Sgioba-obrach Òigridh** a' toirt cuimse nas motha do ar n-amas.

Luachan

Tha modh-obrach na h-Alba a thaobh a' churraicealaim stèidhichte air luachan. Tha gliocas, ceartas, co-fhaireachdainn agus treibhdhìreas a' mineachadh nan luachan ann an comann-sòisealta na h-Alba.

Cuir an sàs agus ath-dhaingnich nan luachan sin aig a h-uile cothrom gus a dhèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga a' leasachadh tuigse is spèis do chàch, agus faireachdainn de an dleastanas pearsanta fhèin agus mar bhuidheann còmhla.

Frèam a' churraicealaim

Tha an curraicealam a' gabhail a-steach na tha air a phlanadh do chlann agus do dhaoine òga tron fhoghlam aca. Tha e a' gabhail a-steach **ceithir co-theacsan airson ionnsachadh**: raointean curraicealaim agus cuspairean, ionnsachadh eadar-chuspaireil, feallsanachd is beatha na sgoile agus cothroman airson coileanadh pearsanta.

Tha **Eòlasan agus Builean** (Ean agus Oan) do gach raon den churraicealam a' sealltainn an ionnsachaidh an taobh a-staigh gach ìre.

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais a' solarachadh sùbailteachd do sgoiltean agus do shuidheachaidhean airson ionnsachadh a phlanadh a tha freagarrach do an co-theacs fhèin. Bu chòir don choimhearsnachd sgoile agus com-pàirtichean a bhith an sàs ann an co-dhùnadh mar a chleachdar an t sùbailteachd seo.

Tha còraichean chloinne agus an **airidheachdan** aig cridhe Curraicealam na h-Alba.

Tha frèam a' churraicealaim mar a tha e air a mhìneachadh ann an **Sreath Togail a' Churraicealaim**, a' fuireach mar a tha e.

Tha tidsearan agus luchd-cleachdaidh a' solarachadh curraicealam a tha òrdail agus sùbailte, a' gabhail cunntas air a' cho-theacs ionadail agus a' dèanamh cinnteach à adhartas agus ìrean coileanaidh iomchaidh do chlann agus do dhaoine òga uile.

Tha am Frèam Leasachaidh Nàiseanta a' meudachadh cuimse air litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd, agus a' togail air an fheum air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn, a dhùnadh.

Tha Prògram Leasachaidh Sgioba-obrach Òigridh a' meudachadh fòcas air a bhith ag aithneachadh sgilean chloinne agus dhaoine òga, na ceanglaichean eadar ionnsachadh agus cinn-uidhe dheimhinneach, agus cothrom air slighean ionnsachaidh a tha a' coileanadh am feumalachdan agus an àrd-mhiannan.

Co-mheasadh

Is e co-mheasadh an dòigh sa bheil luchd-cleachdaidh a' ruighinn tuigse cho-roinnte air ìrean agus dùilean.

Tha co-mheasadh a' gabhail àite aig ìrean ionadail, roinneil agus nàiseanta, a' gabhail a-steach:

- tidsearan agus luchd-cleachdaidh aig an aon ìre den churraicealam;
- tarsainn sgoil no suidheachadh;
- tarsainn buidheann de sgoiltean / shuidheachaidhean
- an taobh a-staigh ùghdarrasan ionadail
- tro bhuidhnean roinneil; no
- tro bhuidhnean nàiseanta

Tha cuimseachd na phàirt iomlan de phlanadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

Chan e gnìomh a thachras a-mhàin aig deireadh bloc no bliadhna a th' ann am pròiseas co-mheaidh.

Bidh tidsearan is luchd-cleachdaidh còmhla ri àrd-stiùirichean gu cunbhalach a' beachdachadh air raon de fhianais mheasaidhean, a tha a' taisbeanadh cho math 's a tha clann agus daoine òga a' dèanamh adhartas agus a' coileanadh an comais.

BUN-FHIOSRACHADH

Prionnsapalan deilbh curraicealaim

Tha iad sin buntainneach aig gach ìre de dh'ionnsachadh le cuideaman diofraichte aig diofar amannan.

- *dùbhlán agus tlachd;*
- *leud;*
- *adhartas;*
- *doimhneachd;*
- *pearsanachadh agus roghainn;*
- *co-leanailteas; agus*
- *buntanas.*

Dleastanas nan uile

- *litearrachd;*
- *àireamhachd; agus*
- *slàinte agus sunnd.*

Bu chòir cuimse leantainneach a bhith orra seo bho aois 3 gu 18.

Tha clann agus daoine òga airidh air dà uair a thide de fhoghlam corporra deagh-ghnè gach seachdain.

PRÌOMH THEACHDAIREACHD

Thathar a' gabhail cunntas de na prionnsapalan nuair a thathar a' planadh ionnsachaidh do chlann agus do dhaoine òga.

Tha tidsearan agus luchd-cleachdaidh a' comharrachadh na thèid a theagasg agus mar as fheàrr a choileanar feumalachdan luchd-ionnsachaidh uile. Tha seo air bunait de thuigse shoilleir cho-roinnte air adhartas, agus ionnsachadh is teagasg àrd-chàileachdail.

Nuair a thathar a' planadh ionnsachaidh, teagasg agus measaidh, tha Eòlasan agus Builean air an cur nam buidhnean no air an cruinneachadh comhla.

Tha **Togail Miann-adhartais** a' toirt seachad stiùireadh dhaibhsan a tha ag obair ann an roinn tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne. Bu chòir a chleachdadh taobh ri taobh le stiùireadh CfE.

Measadh adhartais agus coileanadh

Tha measadh na phàirt iomlan de dh'ionnsachadh agus teagasg. Is e pròiseas leantainneach a th' ann.

Coileanadh ìre:

Tha coileanadh air ìre stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta iomlan thidsearan, air fhiosrachadh tro fhianais.

Slatan-tomhais:

Tha na Slatan-tomhais air an deilbh gus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan air an dà chuid, adhartas a dh'ionnsaigh agus coileanadh air ìre.

Tha raon de fhianais measaidh air a chleachdadh gus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh a phlanadh.

Bu chòir do bhreithneachaidhean measaidh a bhith stèidhichte air na Slatan-tomhais do gach ìre den churraicealam.

Tha na Slatan-tomhais a' socrachadh nan taobhan cudromach ann am frèaman ionnsachaidh is adhartais. Tha iad a' solarachadh stòras sgioblachte singilte mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta thidsearan.

Faodar an sgrìobhainn seo a luchdachadh sìos aig: <https://education.gov.scot/improvement/Pages/CfE-delivery-plan.aspx>

Education Scotland
Denholm House
Almondvale Business Park
Almondvale Way
Livingston EH54 6GA
T +44 (0)131 244 4330
E enquiries@educationscotland.gov.uk
www.educationscotland.gov.uk

f: [www.fb.me/EducationScot](https://www.facebook.com/EducationScot)

t: www.twitter.com/educationscot

y: www.youtube.com/user/educationscotland

